

N5

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

Comharra



S818/75/03

Gàidhlig
Èisteachd
Gàidhlig Listening

Nàiseanta 5

Latha — Gun bhuinteanas

Ùine: — 25 mionaidean (moladh)



* S 8 1 8 7 5 0 3 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgriobhte gu h-iosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oilleanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.**

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadadh.

Sgriobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

SQA®



* S 8 1 8 7 5 0 3 0 1 *

Ceistean

1. Ainmich trì dòighean anns a bheil teicneòlas air a chleachdadh nar beatha làitheil.

3

2. (a) Cuin a chaidh a' chiad coimpiutair a chruthachadh?

1

- (b) Ciamar a bha e air a chleachdadh?

1

- (c) Ainmich dà dhòigh anns an robh e eadar-dhealaichte bho na coimpiutairean a th' againn an-diugh.

2

3. Dè an rud mu bheil Niall mì-chinnteach?

1

4. Thoir gèarr-chunntas air na tha dotairean air faighinn a-mach bhon rannsachadh aca.

3

5. Ciamar a tha sinn a' faicinn gu bheil cuid de dhaoine air am beò-ghlacadh le coimpiutairean?

2



* S 8 1 8 7 5 0 3 0 2 *

6. Dè bu mothà air a bheil dotairean a' cur na coire?

1

7. Thoir geàrr-chunntas air na bha a' toirt air deugairean a bhith a' fàs na b' fheàrr nuair a bha iad san ospadal.

3

8. A' smaoineachadh mun earrainn uile-gu-lèir agus a' cleachdadh fianais bhon earrainn, seall dè cho soirbheachail 's a tha Niall a' cur thairis a bheachd.

3

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR EISIMPLEIR]



* S 8 1 8 7 5 0 3 0 3 *

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* S 8 1 8 7 5 0 3 0 4 *

duilleag 04

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* S 8 1 8 7 5 0 3 0 5 *

duilleag 05



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

S818/75/13

Nàiseanta 5

Gàidhlig
Earrann Èisteachd
Gàidhlig
Listening Transcript

Latha — Gun bhuinteanas

Uine: — 25 mionaidean (moladh)

Chan fhaod oilleanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri phosgladh leis an tidsear mur a h-eil na disc ag obair neo far a bheil cead air a thoirt seachad ro laimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



* S 8 1 8 7 5 1 3 *

Stiùridhean airson leughadair(ean):

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharrachde le (b) agus fireannach airson (f); agus neach-teagaisg far a bheil (n—t).

Instructions to reader(s):

Read the passage twice with an interval of 5 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked (b) should be read by a female speaker and those marked (f) by a male; those sections marked (n—t) should be read by the teacher.

(1 mionaid)/(1 minute)

(n—t) *Seo Niall MacLeod a' toirt a bheachd fhèin mu choimpiutairean.*

(b/f) Tha coimpiutairean a-nis nam pàirt de cha mhòr a h-uile pìos den bheatha làitheil againn. Tha sinn gan cleachdadh bhon a' mhionaid a tha fòn-làimhe gar dùsgadh sa mhadainn gus an tèid sinn a chadal air an oidhche. Co-dhiù 's ann a' coimhead an telebhisein, a' lorg fiosrachaидh air an eadar-lìon, a' rannsachadh nan naidheachdan no a' leughadh leabhrachean, tha coimpiutairean rin lorg sa h-uile h-àite.

S ann aig Pàirc Bhletchly ann an Sasainn a chaithd fear de na ciad choimpiutairean a thogail aig àm an dàrna cogaidh. Bha e air a chleachdad gus còdaichean an àm a bhriseadh. Cha mhòr nach robh e a' lìonadh aon rùm agus bha e cho trom 's nach gabhadh e gluasad ach le crann. Cha chreideadh na daoine sna bliadhnaichean sin, mu sheasgad bliadhna air adhart, gun rachadh coimpiutair a chumail gu furasta ann an làimh le 'tablet' no i-Fòn. Ach bidh ceist orm fhèin gu tric, a bheil sinn air fior adhartas a dhèanamh bho na làithean sin?

Ged a tha iad cho feumail, a rèir coltais tha taobh dorcha an lùib choimpiutairean. Tha e a-nis coltach gu bheil deugairean a' fulang trom-inntinn seach gu bheil iad a' caitheamh cus ùine air an eadar-lìon. A rèir rannsachadh, tha cuid den òigridh air an cois a' mhòr-chuid den oidhche air na coimpiutairean aca. Tha feadhainn cho beò-ghlacte chun na h-ìre is nach eil iad ag iarraidh an dachaigh fhàgail uair sam bith.

Tha dotairean a' cur na coire air làraich-lìn shòisealta leithid Facebook airson a bhith ag adhbhrachadh nan trioblaidean seo. Thuirt aon eòlaiche-inntinn: "Bha cuid de na h-euslaintich againn ag ràdh gur e a' chiad rud a rinn iad sa mhadainn, sealltainn air Facebook. Tha fior eagal orra gun cailleadh iad rudeigin."

Thùirt an t-eòlaiche-inntinn cuideachd gum biodh cuid den òigridh ro sgìth airson a dhol dhan sgoil an dèidh dhaibh a bhith nan dùisg fad na h-oidhche agus a bhith ag ithe biadh aig amannan neònach. Nuair a bha iad anns an sgoil, bha iad ro sgìth airson an aire a chumail air an obair.

Thùirt dotairean gu bheil an leigheas simplidh gu leòr — sgur a chleachdad an eadar-lìn. Dhearbh iad gun robh deugairean a' fàs na b' fheàrr ann an ùine ghoirid san ospadal air sgàth 's nach robh coimpiutairean no fònaichean-làimhe aca an sin, gun robh iad a' faighinn biadh aig amannan cearta agus gun robh aca ri dhol a chadal aig àm sònraichte.

Thuirt Carolyn Roberts, bho Chomann Slàinte Inntinn na h-Alba: “Tha sinn uile a’ tuigsinn gum faod an t-eadar-lion a bhith glè fheumail, ach bu chòir do dhaoine a bhith faiceallach air sgàth ’s gum faodadh droch bhuaidh a bhith aige cuideachd.”

[CRÌOCH NAN EARRANN EISIMPLEIR]



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR EISIMPLEIR

S818/75/03

Gàidhlig
Èisteachd
Gàidhlig Listening

Marking Instructions

These marking instructions have been provided to show how SQA would mark this specimen question paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA should be clearly acknowledged as the source. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

General marking principles for National 5 Gàidhlig Listening

This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidate responses.

- (a) Marks for each candidate response must always be assigned in line with these general marking principles and the detailed marking instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) If a specific candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.

Detailed marking instructions for each question

Question		Expected response	Max mark	Additional guidance
1.		<ul style="list-style-type: none"> • Seirm-rabhaidh (air fòn-làimhe) NO fòn-làimhe • Telebhisean • A' lorg fiosrachaidh air an eadar-lòn • A' leughadh leabhraichean agus naidheachd digiteach <p>(Any 3 from 4)</p>	3	Markers should use their professional judgement, subject knowledge and experience, and understanding to award marks to candidate responses.
2.	(a)	<ul style="list-style-type: none"> • Aig àm an dàrna cogaidh 	1	
	(b)	<ul style="list-style-type: none"> • Airson còdaichean an àm a bhriseadh 	1	
	(c)	<ul style="list-style-type: none"> • Bha e a' lìonadh aon rùm • Bha e cho trom NO cha ghabhadh a ghluasad gun chrann • Cha rachadh e nad làimh NO bha e uabhasach mòr <p>(Any 2 from 3)</p>	2	
3.		<ul style="list-style-type: none"> • A bheil sinn dha rìribh air adhartas a dhèanamh bho na làithean sin? 	1	
4.		<ul style="list-style-type: none"> • Tha cuid de dheugairean a' fulang le trom-inntinn (oir tha iad air-loidhne cus) • Gu bheil cuid an àirde a' mhòr chuid den oidhche • Cha robh cuid dhiubh airson an dachaigh aca fhàgail 	3	
5.		<ul style="list-style-type: none"> • Tha e air a ràdh gu bheil iad a' dol (thuige) a' chiad rud sa mhadainn • Air eagal 's gun caill iad fiosrachadh sam bith 	2	

Question		Expected response	Max mark	Additional guidance
6.		<ul style="list-style-type: none"> Facebook NO làraichean-lìn shòisealta 	1	
7.		<ul style="list-style-type: none"> Cha robh coimpiutairean no fònaichean aca Bha iad ag ithe ceart aig amannan ceart Bha iad a' faighinn gu leòr cadal no a' cadal aig àm sònraichte 	3	
8.		<ul style="list-style-type: none"> A' crìochnachadh gu math cunbalach / ach le rabhadh/ – ‘tha e math ach feumaidh iad a bhith faiceallach’ A' cleachdadadh fiosrachadh a bhios a' toirt clisgeadh don neach-èisteachd – m.e. cuid a' dol don ospadal A' cleachdadadh eisimpleirean gus sealltann cho dona 's a tha e – m.e. cha bhi cuid a' fàgail an taighe A' toirt ort smaoineachadh mun chleachdadadh fhèin air an eadar-lìon no fòn le fiosrachadh mu dheugairean a' fuireach air chois anmoch agus sgìth sa sgoil, a' dèanamh cinnteach gum faigh iad teachdaireachd A' cleachdadadh bheachdan aon èolaiche-inntinn – a' cur barrachd neart ris na h-argamaidean A' tòiseachadh a' phios le eachdraidh / cleachdadadh choimpiutairean – gu math eadar-dhealaichte/ bho na tha a' tighinn aig an deireadh 	3	<p><i>Ann a bhith a' comharrachadh na ceist seo feumaidh luchd-comharrachaидh a bhith deònach gabhal ris na tha oileanaich a' sgriobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltann carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan a' cheist.</i></p> <p><i>Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltann mar a tha e a' toirt taic don phuing aca.</i></p> <p><i>Tha stiùireadh gu làimh chì air na bhithheadh freagarrach mar fhreagairtean (uile airidh air aon phuing):</i></p>

[END OF SPECIMEN MARKING INSTRUCTIONS]